


Hall 195 h. 1(1-22)

National Library of Scotland



B000274327

MU STAID EAGLAIS NA H-ALBA 'SAN AM
SO NIS THA LATHAIR.

No. I.

A CHLANN NAN GAIDHEAL,

'NUAIR a tha 'n Alb' uile a' togail an guth a thaobh còir luchd-muinntir na h-Eaglais nach bitheadh ministeirean air an cur a stigh orra 'n aghaidh an toil fein, c'arson a bhitheadh sibhse 'n ur tosd? Is mór na chaidh dheanamh gu 'ur cumail ann an aineolas air 'ur dlighean, ach chia 'n'fheud sibh bhith air 'ur dalladh ni's fhaide. Eisdibh mata, ris na nithibh a leanas.

Ann an bhliadhna 1834, chaidh lagh a dheanamh le Ard-Sheanaidh Eaglais na h-Alba, ann an Dun-Eidin, airson ceartas a ghleidheil aig a phobull ann an comunn na h-Eaglais—agus mínichidh mi a nadur dhuibh.

Ach an tús feumaidh mi innseadh ciod an cleachdamh a bha againn roimh sin, re shea fichead bliadhna o'n am so, agus 'nuas o sin, gun bhi dol ni's fhaide air ais. Mu'n am

sin thainig *patronage* a stigh. B'i riaghailt na h-Eaglais, mata, eadhon an sin, mun d'thainig na droch laithean oirre mar thuil, no mar neul dorch, gum faigheadh ministear a bha 'g iarraidh stigh gu Sgìreachd, cha n' e a mhain *presentation*, ach *gairm* o'n luchd comanaich mar an ceudna. Bha còir aig na *Patronaibh* air *presentation* a thoirt seachad do mhinistearibh—ach bha còir aig a phobull a bhi *gairm* na' ministearan sin, agus mur bitheadh *gairm*, cho maith ri *presentation*, air bord na Clèire cha robh cead aca ministear 's am bith a shuidheachadh ann an Sgìreachd. Dh'fheumadh ainmean dara leth an luchd comanaich a bhi ris a *ghairm*, agus gun sin cha robh i ceart no laghail. Chuireadh an riaghailt so air chois, agus chumadh air chois i, chum 's nach rachadh ministear sam bith a chur a stigh do Sgìreachd gun taing do'n t-sluagh.



Ach an ceann uine, chaidh an riaghailt sin a chur air cùl le coire nam ministearan, agus ged a chumadh coslas na cleachduinn air chois re na h-uine, thugadh na h-uile cumhachd uaipe, air chor is gum bu clioma ciod an stri a dheanamh sluagh an aghaidh duine nach robh iad air a shon; na'm bitheadh *presentation* aige, chuireadh a Chleir 'stigh e gun taing dhoibh. Agus chaidh an gnothuch cho fhad, iomadh uair, 's gu'n robh na saighdearan aig a Chleir a cuideachadh leo an eucoir ud a dheanamh. Cha b'ann le lagh nuadh a thoirt a stigh do'n Eaglais a rinn iad a leithid do chron, ach leis an lagh a bha ann a shaltairt fuidh chois—ni a rinn iad 'tra dh'fhag iad na h-uile ughdaras aig *presentation* agus 'tra thug iad air falbh o'n phobull còir a *ghairm*. Airson na h-eucoir a rinn a Chleir mar so, agus 'chionn nach d'thugadh an t-Ard-Sheanaidh leasachadh sam bith do'n phobull, ach gu'n d' rinn iad an daorsa ni bu mhiosa, dh'fhàg cuid do na ministearan agus moran do luchd muinntir na-h-Alba, Eaglais an aithriche air fad, agus thog iad tighean aoraidh air etli dhoibh fein. 'S iad so iadsan ris an abair siun a nis

Dissenters, a chionn g'un do bhris iad air falbh on Eaglais. Cha 'n eil moran diubh a measg nan Gaidheal, a chionn nach robh cothrom aca-san mar a bha aig cuid eile na rioghachd, agus rinn na ministearan orra mar a b'aill leo.

Nis thubhairt mi g'un innsinn duibh mu'n lagh a chaidh thabhairt a stigh leis an Ard Sheanaidh o cheann shea bliadhna (1834) gu ath-leasachadh a dheanamh air a mhi-riaghailt agus an eucoir mhoir so. Feudaidh sibh thuigsinn gu'n d' thainig mughadh mor air cliu ministearan na h-Eaglais mu'n do theann iad ri so, agus tha sin fìor. Dh'ath-bheothaich an Tighearn spiorad nuadh 'nam measg a thug air an aireamh is mò dhiubh a bhi toileach saors' a thoirt do shluagh Chrìosd air feadh na tìre.

Thoisich an t-Ard-Sheanadh, mata, le fianuis a thogail gu'm b'e h-aon do nithibh suidhichte na h-Eaglais, o'n a thòisich i, nach robh ministear gu bhli air a chur a stigh gu Sgìreachd air bith an aghaidh toil' an t-sluaigh—fìrinn mhoir, ged a chaidh eucoir a dheanamh air an t-sluaigh, car uine cho fhad, le an dlighe a ghleidheil uapa. An deigh fiannis a thogail mar so air son còire an t-sluaigh, chaidh an t-Ard-Sheanadh air an aghaidh gu lagh a dheanamh, agus riaghailt a shocrachadh, a chumadh an dlighe fein aig luchd muinntir na h-Eaglais, agus a chumadh an còir fein aig na *Patronaibh* mar an ceudna. B'eigin doibh sùil a bhi aca ri còir nam *Patron*, oir ged bu ni eucoireach *patronage* a thoirt air an Eaglais idir, gidheadh o'n a b'e Pharlamaid, agus nach b'i an Eaglais, a thug a chuing ud oirme, dh'fheumta a bhi leagta rithe.

B'e so nadur na riaghailt a chuir an t-Ard-Sheanadh air chois. Dh'orduich iad, tra rachadh *presentation* a thoirt seachad do mhinistear 'sam bith, 's tra chuireadh esan sin air bord na Clèire, mu'n deanadh iad a bheag a chum a shuidheachadh anns an Sgìreachd, gu'm faigheadh sluagh na Sgìreachd cothrom a chluinntinn an toiseach. Bha a'

Chlèir gu ordugh thoirt da a dhol a shearmonachadh da latha sabaid an sin, dh'fheuchainn an tigeadh e ri inn-tinn an t-sluaigh. An deigh sin bha cothrom gu bhi air a thoirt leis a' Chlèir do chinn teaghlailichean a bha 'n an luchd-comunaich anns an Sgìreachd, *gairm* a thoirt da gu bhi 'na mhinistear 'nam measg, ma bha iad toilichte leis. Mur robh iad toilichte leis, bha cothrom gu bhi air a thoirt doibh sin innseadh—agus n'an cuireadh tuilleadh is an dara leth do'n luchd-comanaich ud 'na aghaidh, ag radh nach robh iad air a shon, cha robh cead gu bhi aig a Chlèir am ministear sin shuidheachadh idir. Bhuineadh e do'n *Phatron*, 'tra thachradh so, fear eile a thaghadh dhoibh, gus an faigh-eadh iad duin' a thaitneadh riu.

Bha 'n lagh so chum saorsa ro mhòr. Cha b'urradh ministear a chur a stigh an Sgìreachd gun taing do'n t-sluaigh, agus gidheadh, dh'fhagadh còir aig na *Patronaibh*, daoine a shonruchadh a mach a bha, do reir am beachdsan, freagarrach agus iomchuidh. Ghleidh an lagh so a Chlèir o dhaorsa dheanamh, ged bhitheadh iad airson sin, agus thug e air na *Patronaibh* a bhi cùramach co a thairgeadh iad mar mhinistear do Sgìreachd air bith.

Agus fuidh an riaghailt a chuireadh air chois mar so leis an Ard-Sheanaidh, bha gnothuichean a soirbheachadh gu maith. Ged a bha mu ochd fichead ministearan a fhuair *presentation* agus a chaidh' thairgseadh do àitibh o'n a rinneadh an riaghailt, cha do chuir an sluagh cùl ri tuilleadh na *deichnear* rè na h-uine (cha robh moran aobhair aca) agus bhitheadh sìth ann fathast mur bith na nithe a tha agam r'an innseadh anns na leanas.

Beagan an deigh do'n riaghailt air am bheil mi a' labhairt a bhi air a deanamh, fhuair Ministear òg, d'an ainm *Robert Young*, *presentation* gu Sgìreachd *Auchterarder*, ann an

siorramachd Pheairt. 'Tra chuir e sin air bord na Cleir, a reir lagh na h-Eaglais, thugadh ordugh dha, leis a' Chleir, dhol a shearmonachadh'san Sgìreachd, gus an cluinneadh an sluagh e. Rinn e sin; agus tra thainig an la air an robh cothrom gu bhi aig an t-sluagh air a ghairm, ged a tha tuilleadh na trì mìle pearsa anns an sgìreachd, cha d'fhuair ach *dithis dhaoin'* a chuireadh an lamh ri *gairm* dha. Agus cha n'è sin a mhain, ach thainig an luchd-comunaich, aig an robh coir, air fad, ach fìor bheagan, agus thug iad fianuis 'na aghaidh nach robh iad air a shon. O'n a rinn iad sin, cha b'urradh do'n Chleir a chuir a stigh, a reir na riaghailt air an do labhair mi, agus mar sin thug iad fios do'n *Phatron*, am *Mor'ear Kinnoul*, ministear eil' a roghnuchadh airson na sgìreachd, chionn gu'n do chuir am pobull cul ri *Maighstir Young*.

Nam bitheadh am *Mor'ear* umhal do lagh na h-Eaglais dheanadh e sin—ach cha robh e umhal. 'S cha mho a bha *Mr. Young* umhal. Le chéile dh'eirich iad an aghaidh lagh na h-Eaglais, agus thog iad an cuis o'n Ard-Sheanaidh a chum *Cuirt an t-Sessain**—cuirt aig nach 'eil gnothuch ri *nithibh spioradail* na h-Eaglais, ach a mhain ri nithibh siobhailt na duthcha. Ghabh iadsan, gidheadh, gnothuch ris, agus gun taing do'n eucòir a chaidh chur as an leth anns an ni a ghabh iad os laimh, dh'orduich iad do'n Chlèir *Mr. Young* a chur a stigh do Sgìreachd *Auchterarder*, ged a bha 'n sluagh 'na aghaidh, agus gun taing dhoibh. Thog a' Chleir an cuis dh'ionnsuidh *Tigh-cuirt nam Mor'earan*,† ach, air do'n dà Mhor'ear a thug breth an sin a bhi aineolach air lagh Eaglais na h-Alba, dh'aontaich iad leis a Chuirte eile gu *Mr. Young* a chur a stigh gun taing do'n t-sluagh.

'S ciod a rinn a Chlèir an sin?—Tha mi a' feoraich do na

* Court of Session.

† House of Lords.

h-uile dhaoinibh ciod e a thigeadh dhoibh a dheanamh ? 'N ann aig Breitheamhna aimsireil a dh'fhab Criosd ughdaras 'na Eaglais ministeirean a chuir a stigh no chumail a mach a áitibh ? An d' thug Dia do na Breitheamhnaibh sin ughdarras thar a choguis, air chor is nan deanamaid an toil-san an aghaidh a thoil-san gum bitheamaid saor o chiont ? Is dearbh leam nach d' thug. Na'n cromadh Sadrach, Mesach agus Abednego sios, agus nan deanadh iad aoradh do iomhaigh Nebuchadnezzar 'tra dh'aithn e sin doibh, an bitheadh iadsan neo-chiontach ? Am bitheadh Daniel neo-chiontach nan sguireadh e o urnaigh, a reir aithn Dharius ? Nach d'thubhairt Peadar agus na h-abstoil uile " co dhiubh is coir toil dhaoine a dheanamh no toil Dhe ; thugaibh sibhse breth ?" Agus tha mise ag radh ris na h-uile duine a leughas so, e 'thoirt breith a thaobh na Cleir ud, an robh e iomchuidh dhoibh a bhi umhal do dhaoinibh 'tra dheanadh sin eas-umhal agus mi-dhileas iad do Dhia ? Bha cumhachd aig daoineibh peanas a dheanamh air an truir chloinne, agus air Daniel, agus air Peadar ; ach nochd Dia gum b'urradh dhasan cùram a ghabhail diubh, 'tra thaisbean iad tre-dhireas dha. Cha do loisg an teine, cha do dh'ith na leomhain, cha do mhill am prìosun iad sud ; agus anns an t saors' a thug Dia dhoibh, chaidh fianuis a thogail leissan air taobh na muinntir sin a sheasas dileas da, gun eagal dhaoin' a bhi orra !

Ach cha do fhreagair mi a cheisd fathast ciod e a rinn a Chleir ud ? An do chuir iad a stigh *Mr. Young* gun taing do'n t-sluagh, air aithne na uachdaran aimsiril, 'san aghaidh aithn Chrìosd ? Cha do chuir ; agus tha an Sgìre-achd ud na bantraich fathast. Ach ciod e a tha *Cuirt an t-Sessain** ag radh ri so ? Tha iad airson na Cleire ud agus an Eaglais *eigneachadh* gu *Mr. Young* a chur a stigh gun taing. Tha cumhachd mòr aca, gun teagamh,

* Court of Session.

ach tha mi an dochas nach teid a chùis leo san ni sin. Tha cumhachd aca na ministeirean a thilgeil ann an prìosun ma dhiùltas iad, agus tha cumhachd aca ùlamh a leagail orra, a bhriseas agus a mhilleas iad am fad 'sa tha iad beo. Agus 'se sin an doigh a tha iad a gabhail gus an eigneachadh. Tha ministearan Cleire Auchterarder air an agairt aig lagh, aig an am so, air son *sea mìle deug punnd sasanach*, a chionn 's nach suidhich iad Mr. Young anns an Sgìreachd ud 'n aghaidh toil an t-sluaigh!!

Nis, a chlann nan Gaidheal, am bheil e iomchuidh gu'm biodh cùisean mar sin? Nach còir do na h-uile duine anns gach àit, an guth a thogail an aghaidh a leithid, agus nach e an dleasdanas dolan *Pharlaimid le Petitionaibh* ag iarraidh orra lagh a dheanamh, mur eil e ann cheana, a dhìonas na ministeirean o dhaors' agus o gheur-leanmhuin, 'tra tha iad air son còir a chumail ris an t-sluaigh a tha 'g aideachadh Chrìosd air feadh na rioghachd?

Tha mi, mata, 'ga chur mar fhiach' air na h-uile duine, so a dheanamh gun dail. Ma tha sibh glic air arson fein ni sibh e; oir cha 'n iad na ministeirean amhain a tha air an cur fuidh dhaorsa, ach *tha am pobull iad fein air an toirmeasgo dhol chum na Cleir* gu cur an aghaidh ministear 'sam bith a bhitheas *patron* airson eigneachadh a stigh air sgìreachd. Rinneadh so an Sgìreachd *Dhaviot* 'san taobh tuath—agus theid so a dheanamh anns na h-uile Sgìreachd eile far am bith cothrom air a leithid a dh'eucoir a chleachdamh air sluaigh bochd.

Buinidh e do na h-uile duine a choguis fein a choimhead glan 'san ni so, le 'ainm a chur ri *petition*, agus le fianuiseachadh air gach doigh an aghaidh cron cho uamhasach. 'Se Chrìosd an aon Rìgh thar an Eaglais, agus cha 'n eil an t-atharrach ann. Ma ghèilleas sinn dochumbachd no ughdarras 'sam bith ach Esan, ann an nithibh spioradail, tha

sinn neo-dhileas dasan. Thug e cumhachd ann an nithibh an t-saoghail so—nithibh siobhalt—do Rìghribh agus Bhreitheamhnaibh an t-saoghail, ach cha tug e ughdaras dhoibh thar an Eaglais. Tha sin air a chur ann an lamhaibh eile; agus is anaoibhinn do'n dream a thig a stigh ag iarraidh a' Chrúin a thoirt bharr ceann Chrìosd.

Mosglaihbh, mata, gach duine a leughas agus a chluinneas. Thigibh gu “comhnadh an Tighearn, gu comhnadh an Tighearn an aghaidh nan cumhachdach!”

CO-DHUNADH.

Tha eachdruidh nì's miosa mu Sgìreachd eile d'an ainm *Marnoch*, a dh'fheudadh a bhli air innseadh; ach cha ruingear leas. Anns an Sgìreachd sin, cha 'n fhaigheadh iad ach aon duine, FEAR AN TIGH ÓSDA, gu a lamh a chur ris a' ghairm air son *Mr. Edwards*, an t-oglach a fhuair am *presentation*, agus bha a chuid bu mhò do'n Chlèir air son a shuidheachadh, gun taing do'n luchd-comunaich, mur bith gun deachaidh an toirmeasg agus an gleidheadh o sin le 'n ughdarras a thoirt uapa, leis an Ard-Sheanaidh.

Feudaidh mi innseadh dhuibh, mar an ceudna, ged a tha 'chuid a' s mo do Bhreitheamhna *Cuirt an t-Sessain* 'nar n-aghaidh, nach eil iad uile mar sin. Tha *aireamh mòr leinn*—agus iad sin na daoine a's urramaiche, a's foghlumte, a's glìce, agus a's fearr a tha 'nam measg.

Mosglaihbh, mata! Cha b' abhaist do Chlann nan Gaidheal a bhli air dheireadh 'n am stri na còrach an aghaidh na h-eucoir !!

